
Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan

Stiùireadh Iarrtais
An Dàmhair 2021



ALBA | CHRUTHACHAIL



Mun mhaoin

Tha COVID-19 agus an RA a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich a' nochdadh dùbhlann dùbailte do dh'obrachadh eadar-nàiseanta. Tha luchd-ealain air feadh na RA a' cumail orra a' sireadh obair leis an co-obrachaidhean air feadh an t-saoghail agus tha eisimpleirean cumhachdach ann mar-thà de cheangal agus iomlaid dhidseatach.

Tha a' mhaoin phìleatach seo air a dhealbhadh gus co-obrachadh pearsanta, didseatach agus tar-chinealach a bhrosnachadh:

- eadar luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean às na ceithir nàiseanan thar na RA

agus

- co-obrachaidhean às àiteachan eile anns an Roinn Eòrpa is nas fhaide às.

Tha roinnean ealain is cultar nan ceithir nàiseanan uile thar na RA a' soirbheachadh air co-obrachadh agus iomlaid eadar-nàiseanta. Tha a' mhaoin seo a' toirt cuireadh do luchd-ealain, proifeiseantaich chultarach agus buidhnean meas a dhèanamh air far a dh'fhaodadh an co-obrachadh seo a mheudachadh le bhith ag obair nas dlùithe eadar Sasainn, Èireann a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh.

'S e maoin phìleatach a th' ann am Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan le co-sheibheachd bho Arts Council England, Arts Council Northern Ireland, Arts Council Wales/Wales Arts International agus Alba Chruthachail.

'S e am buidseid airson na cuairte tùsail pìleataich seo £100,000, agus tha dùil againn 20-30 tabhartas a thoirt seachad uile gu lèir thar Sasainn, Èireann a Tuath, Alba agus na Cuimrigh.

Às leth comhairlean ealain nan ceithir nàiseanan, tha Alba Chruthachail a' stiùireadh agus a' rianachadh na maoine seo. Mar sin, bidh a' mhaoin seo fo dhligheachas Lagh na h-Alba, agus bidh pròiseasan agus dòighean-obrach coithcheann Alba Chruthachail a' buntainn.

Bidh comhairlean ealain nan ceithir nàiseanan ag obair còmhla ann an co-dhùnadh na maoine. Thathar a' cur fàilte air iarrtasan bho air feadh nan ceithir nàiseanan uile thar na RA. Thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh a' cleachdadh slatan-tomhais na maoine (a chithear san earrann 'Co-dhùnadh' san Stiùireadh) agus a bhios ag amas air a bhith riochdachail de dh'iom-chultar agus cruth nan ceithir nàiseanan.

Amasan a' phrògraim

- A' toirt taic do chothroman leasachaidh eadar-nàiseanta airson luchd-cleachdaidh cultarach fa leth agus/no buidhnean stèidhichte san RA.
- Ag àrachadh co-obrachadh nas motha eadar luchd-cleachdaidh chultarach agus/no buidhnean ann an Sasainn, Èireann a Tuath, Alba 's a' Chuimrigh agus còmhla ri com-pàirtichean san Roinn Eòrpa is nas fhaide às.
- A' rannsachadh eisimpleirean ùra ann an co-obrachadh eadar-nàiseanta, gu h-àraid a' feuchainn dòighean meanmnach de dh'obair a tha a' tabhainn freagairtean ùra is dèimhinneach tro cho-obrachadh eadar-nàiseanta ri cùisean ion-ghabhalachd, co-obrachadh cothromach is uallach àrainneachd. Bidh sinn a' cur fàilte air pròiseactan a lughdaicheas droch buaidhean àrainneachd agus a bhrosnaicheas buaidhean matha.

Co mheud a tha ri fhaotainn?

'S e £100,000 am buidseat iomlan ri fhaighinn dhan chuairt phìleataich. Faodaidh tagraichean eadar £1,000 is £5,000 iarraidh, cho math ri cosgaisean inntrigidh a bharrachd air sin. Chan eil riatanas air maoin eachadh co-fhreagrach airson na cuairte pìleataich seo.

Tha dùil againn 20-30 tabhartasan a thoirt seachad sa chuairt phìleataich seo, agus bidh sinn ag amas air iomadachd chultarach is chruinn-eòlach nan ceithir nàiseanan a ghabhail a-steach, le sreath de dh'fhoirmean-ealain.

Cò dh'fhaodas tagradh?

Gus a bhith ion-ròghnach, feumaidh gum bi tagraichean:

- Ochd bliadhna deug a dh'aois no nas sine
- Stèidhichte ann an aon de na ceithir nàiseanan san RA - Sasainn, Èireann a Tuath, Alba no a' Chuimrigh.
- Nan neach-cleachdaidh chruthachail ag obair sna gnìomhachasan ealain is cruthachail no mar bhuidhinn ag obair sna gnìomhachasan ealain is cruthachail.
- Aig a bheil cunntas banca na RA fon ainm fhèin.

Agus feumaidh iad:

- Gealltanais dearbhte bho co-dhiù aon com-pàirtiche ealanta no cruthachail stèidhichte ann an aon de na ceithir nàiseanan eile - Sasainn, Èirinn a Tuath, a' Chuimrigh no Alba (faodaidh seo a bhith mar neach fa leth no buidheann)

agus

- Gealltanais bho chom-pàirtiche eadar-nàiseanta ealanta no cruthachail (faodaidh seo a bhith mar neach fa leth no buidheann). Cuiridh an sgeama seo prìomhachas cuideachd air com-pàirteachas eadar-nàiseanta taobh a-staigh na Roinn Eòrpa.

Chan fhaod ach aon phrìomh com-pàirtiche à tè de na ceithir nàiseanan san RA tagradh a chur a-steach às leth gach com-pàirteachas. Cha bhi iomadh iarrtas airson na h-aon gnìomhachd bho dhiofar chom-pàirtichean ion-ròghnach.

Faodaidh tagraiche aon iarrtas a-mhàin a chur a-steach dhan chuairt phìleatach seo mar phrìomh chom-pàirtiche. Gabhaidh am prìomh com-pàirtiche uallach ionmhasail is aithris.

Cuiridh a' mhaoin phìleatach seo prìomhachas air taic do dhaoine fa-leth agus dha na buidhnean sin aig nach eil inbhe chunbhalach de mhaoineachadh bho gin de na sgeamaichean maoin eachaidh aig na comhairlean ealain a leanas: Buidhnean Uallaich Roinneil aig Arts Council England; Prògram Maoineachaidh Bhiadhnaidh aig Arts Council Northern Ireland; Arts Portfolio Wales aig Arts Council Wales; agus Buidhnean a Mhaoinichear gu Cunbhalach aig Alba Chruthachail.

Dè na seòrsaichean-ealain a mheasar?

Tha sinn comasach air iarrtasan a mheas bho luchd-cleachdaidh agus buidhnean cruthachail ag obair thar fharsaingeachd dhiofraichte de seòrsaichean-ealain, a' gabhail a-steach:

- Ealain ioma-chuspaireach
- Litreachas
- Ceòl
- Dealbhan-cluiche
- Dannsa
- Ealain-shùla
- Ceàird

Thoiribh fa-near nach eil an liosta seo deimhinnte. Ma tha ceistean ann mu ion-ròghnachd gus tagradh a dhèanamh, cuiribh fios thugainn (faic Duilleag 14)

Cò air a ghabhas a' mhaoin a chleachdadh?

Faodaidh iarrtasan a bhith airson gnìomhachd làthaireil, dhidseatach no thar-chinealach am measg nan seòrsachan a leanas:

- Iomlaidean
- Muinntireas
- Leasachadh com-pàirteachais
- Co-chruthachadh
- Lìonrachadh

Feumaidh iarrtasan a bhith ag obair taobh a-staigh cuingealachadh stiùireadh no reachdas an riaghaltais a thaobh COVID-19 ann an gin de na ceithir nàiseanan san RA agus anns na roinnean eadar-nàiseanta anns a bhios a' gnìomhachd a' gabhail àite.

Bheirear prìomhachas do dh'iarrtasan a tha a' feuchainn eisimpleirean ùr-ghnàthach de cho-obrachadh eadar-nàiseanta.

Faodar a' mhaoin a chleachdadh airson aon no na h-uile de na leanas:

- Leasachadh cleachdaidh ealanta tro obair air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta
- Co-obrachadh còmhla ri agus ag ionnsachadh bho luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta
- Leasachadh tràth-chàirdeas le luchd-ealain, luchd-cleachdaidh chruthachail agus buidhnean le sealladh san fhad-ùine de leasachadh mhargaidhean is luchd-amhairc air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta airson obair is a' togail ìomhaigh gu h-eadar-nàiseanta.
- Iomlaid de phrìomh dhaoine chruthachail gus beachdan no càirdeasan ùra a leasachadh.

Feumaidh tagraichean a bhith comasach a shealltainn gealltanas dhan ghnìomhachd a chaidh a mholadh bho chom-pàirtichean eile an tagraidh - co-dhiù aon com-pàirtiche às aon de na ceithir nàiseanan eile agus co-dhiù aon com-pàirtiche eadar-nàiseanta. Fòghnaidh post-d no litir bhon chom-pàirtiche.

Gnìomhachd dha nach gabh tagradh a chur a-steach

- Pròiseactan nach eil ceangailte ris na h-ealain
- Buanachadh de phròiseact am bith gun eileamaidean ùra follaiseach sam bith
- Saothrachadh film no bhideo agus taisbeanadh taighe-deilbh, mura h-eil e a' toirt taic do dh'obair luchd-ealain san ìomhaigh ghluasadach (a' gabhail a-steach film is bhideo)
- Pròiseactan a' buntainn ri cùrsa sgrùdaidh no cìsean oideachais ann an sgoil, colaiste no oilthigh
- Teisteanasan creideasichte
- Pròiseactan a bhios a' gabhail àite no a' tòiseachadh ron cheann-latha cho-dhùnaidh fhoillsichte.
- Tachartasan togail airgid, leithid fèilltean carthannais
- A' ceannach uidheam is ionnsramaidean
- Pròiseactan ann an suidheachadh fhoghlaim fhoirmeil airson adhbharan foghlaim a tha riatanach fo lagh.
- Pròiseactan aig a bheil prìomh-fhòcas air leasachadh sòisealta (cha mheas sinn an tagradh ion-ròghnach mura h-eil fòcas a' phròiseict sa mhòir-chuid is gu soilleir ealanta no cruthachail)

Cosgaisean nach gabh a thoirt a-steach

- Cosgaisean/gnìomhachd a tha fo mhaoineachadh eile mar-thà
- Cosgaisean coitcheann ruithe agus rianachd a tha gam pàigheadh le teachd a-steach eile, a' gabhail a-steach na maoinan agaibh fhèin
- Cosgaisean rianachd leantainneach a' buntainn ri uidheam no togalaich, leithid àrachais is cosgaisean obair-ghlèidhidh
- Na cosgaisean an cois cuarantain agus deuchainnean COVID-19 anns an RA no ann an dùthaich eile. Nam measg sin tha:
 - cosgaisean ceangailte ri fèin-oireachadh ro agus an dèidh siubhail (a' gabhail a-steach call teachd a-steach sam bith)
 - cosgaisean ceangailte ri cuarantain an dèidh na dùthcha cinn-uidhe a ruighinn
 - cosgaisean ceangailte ri cuarantain an dèidh tilleadh gu gin de na ceithir nàiseanan san RA
 - cosgaisean airson càintean sam bith airson na riaghailtean cuarantain a bhriseadh
 - cosgaisean nach gabh a phàigheadh le cosgaisean siubhail is àrachas proifeasanta a chaidh adhbharachadh le COVID-19.

Nota air obair chothromach

Tha dùil gum pàigh gach tagraiche iad fhèin is càch an sàs anns a' phròiseact gu cothromach. Tha dùil againn gum bi e follaiseach aig an fheadhainn a dh'iartras maoinachadh mu chosgaisean uile a shònraicheas iad anns na buidseatan aca a thaobh pàighidh nan daoine a tha an sàs ann an lìbhrigeadh na h-obrach aca. Cha bhi sinn ag òrdachadh ìrean pàighidh nuair a tha sinn a' fastadh, ag obair le agus/no a' coimiseanadh luchd-ealain agus luchd-cleachdaidh chruthachail, ach faodar sùil a thoirt air an sgrìobhainn [Creative Scotland's Rates of Pay Guidance document](#) a tha a' trusadh tùsan stiùiridh air riaghailtean gnìomhachais, ìrean-pàighidh aonaidhean agus còdan cleachdaidh bho phrìomh bhuidhnean treòrachaidh. Tha dùil againn gun toir tagraichean iomradh soilleir air ìre freagarrach de phàigheadh ghnothachais anns na buidseatan aca far a bheil e iomchaidh.

Cuin am faod mi tagradh a chur?

Maoin a' fosgladh - **21 Dàmhair 2021**

Ceann-latha - **11 Samhain 2021**

Co-dhùnaidhean - **s/t 13 Dùbhlachd 2021**

Pròiseactan a' tòiseachadh - **eadar 10 Faoilleach 2022 agus 31 Màrt 2022**

Pròiseactan coileanta - **31 Màrt 2023**

Ciamar a thèid iarrtasan a mheasadh?

An toiseach, thèid an t-iarrtas a sgrùdadh airson ion-ròghnachd - bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil, bun-bheachd a' phròiseict, gnìomhachdan is com-pàirtichean ion-ròghnach dhan mhaoin seo le bhith a' leughadh an stiùiridh agus nam freagairt do cheistean. Cha tèid iarrtasan sam bith nach bi a rèir slatan-tomhais ion-ròghnach na maoin seo adhartachadh. Ma tha ceistean ann mu ion-ròghnachd gus tagradh a dhèanamh, cuiribh fios thugainn (faic Duilleag 14).

Aon uair 's gun tèid an ion-ròghnachd a sgrùdadh, thèid an t-iarrtas a mheas le dithis mheasadair. Breithnichidh iad air an iarrtais a rèir nan ceithir slatan-tomhais a leanas:

1. Ùr-ghnàthachas / feum (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil an t-iarrtas seo a' sealltainn gur e dòigh-obrach ùr no diofraichte a tha seo air co-obrachadh eadar-nàiseanta?
- A bheil e a' freagairt ri feumalachdan sònraichte làithreach no dùbhlannan nan com-pàirtichean no taobh a-staigh na roinne?
- A bheil e ag amas air dòighean-obrach ùra a dheuchainn a bhios a' freagairt ri aon no barrachd de na cùisean a leanas: ion-ghabhalachd, co-obrachadh cothromach, uallach àrainneachd?

2. Structar a' phròiseict (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil an t-suim a dh'iarrar agus an tuairisgeul chosgaisean a' coimhead reusanta dhan gnìomhachd a bhios a' gabhail àite?
- A bheil an loidhne-ama a' coimhead dèantach?
- A bheil a' gnìomhachd a' toirt fa-near dhan t-suidheachadh ghalar mhòr-sgaoilte làithreach? (Faic na notaichean againn air cosgaisean do-ròghnaidh agus gu bheil gnìomhachdan didseatach agus tar-chinealach cuideachd comasach)
- A bheil e soilleir dè tha a' gabhail àite, cuin agus cò leis?
- A bheil coltas ann gum bi a' bhuidhe no na toraidhean miannaichte aig na gnìomhachdan a chaidh mhìneachadh?

3. An com-pàirteachas (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil bun-stèidh ann airson taghadh chom-pàirtichean (na sgilean, cleachdadh, gnàth-eòlas aca) agus am bi structar a' chom-pàirteachais a' cuideachadh coileanadh amas a' phròiseict?
- A bheil an com-pàirteachas co-chòrdach - am faigh com-pàirtichean uile buannachd às a' gnìomhachd?
- A bheil cothroman inntinneach ann air ciamar a dh'fhaodadh an càirdeas eadar na com-pàirtichean seo a leasachadh?

4. Comas buaidh (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil am moladh a' toirt dreach air comas buaidh na gnìomhachd airson gach com-pàirtichte? Dh'fhaodadh seo a gabhail a-steach cleachdadh ealanta, cothroman co-obrachaidh theachdail, ìomhaigh eadar-nàiseanta no RA nas meudaichte no a' ruighinn mhargaidhean is luchd-amhairc ùra.
- A bheil planaichean ann an gnàth-eòlas agus an ionnsachadh a cho-roinn leis an roinn chruthachail nas fharsainghe?

Aon uair 's gun tèid a mheasadh, thèid an dà sgòr a chunntadh, le sgòr iomlan de 40. Ma thachras e gu bheil an sgòr aig aon mheasadair gu math diofraichte bho sgòr eile, bidh còmhraidh ann gus tighinn gu aonta air sgòr deireannach.

Thèid na h-iarrtasan gu panail mheasadairean às gach comhairle ealain com-pàirteach, far an toir am panail sùil air na h-iarrtasan as àirde a choisinn puingean. Bheirear 20-30 tabhartasan seachad. Ann an tighinn gu co-dhùnadh air na duaisean deireannach, bheir luchd-panail fa-near dha:

- Iomadachd chultarach
- Sgaoileadh seòrsaichean-ealain
- Iomadachd ceàrnaidh
- Tagraichean aig nach eil inbhe chunbhalach mhaoineachaidh bho gin de na sgeamaichean maoineachaidh aig na comhairlean ealain a leanas: Buidhnean Uallaich Roinneil aig Arts Council England; Prògram Maoineachaidh Bhiadhnail aig Arts Council Northern Ireland; Arts Portfolio Wales aig Arts Council Wales; agus Buidhnean a Mhaoinichear gu Cunbhalach aig Alba Chruthachail.

Bheirear geàrr ais-mholadh mura h-eil sibh soirbheachail, air co-dhiù an robh sibh ion-ròghnach, no dè pàirt de na slatan-tomhais a bha nas laigse san iarrtas. 'S fhiach fa-near a thoirt gur e maoin phileatach a tha seo agus uime sin tha sinn ag obair le suim gu math beag (£100,000) fosgailte do dh'iarrtasan air feadh nan ceithir nàiseanan, agus ma dh'fhaoidte gum bi mòran co-fhàrpais ann air a' mhaoin seo.

Ma bhios sibh soirbheachail, cuirear fios thugaibh ainm a chur air aonta tabhartais agus airson fhiosrachaidh banca.

Iarraidh sinn cuideachd ceistean a fhreagairt mun phròiseact 30 làithean an dèidh ceann-latha deireannaich na gnìomhachd maoinichte.

Am Pròiseas Iarrais

Feumaidh tagraichean uile clàradh agus lìonadh an fhoirm tagraidh tron phortal air-loidhne aig Alba Chruthachail: <https://my.creativescotland.com/>

Mura h-eil sibh comasach cothrom fhaighinn air an eadar-lìon gus tagradh a dhèanamh, no ma dh'fheumar taic a bharrachd leis an tagradh tron phortal air-loidhne, cuiribh fios thugainn (faic Duilleag 14 air mar a nìthear seo).

Thoiribh fa-near leis gu bheil pròiseas an iarrais fo rian a' phortail air-loidhne aig Alba Chruthachail, gum bi a' mhaoin seo (a tha fosgailte do thagraichean à ceithir nàiseanan na RA air fad) an cois sgeamaichean maoineachaidh eile a tha fosgailte a-mhàin do thagraichean stèidhichte ann an Alba.

Fios-clàraidh a' phortail air-loidhne

Gus an tagradh a dhèanamh, feumar cunntas a chruthachadh an toiseach. Bhon chunntas, bidh comas ann obrachadh air dreach den iarrrtas air-loidhne, a shàbhaladh mar a thathas a' dol air adhart agus a thighinn air ais thuige mus cuirear a-steach e.

- Gus cunntas a chruthachadh <https://my.creativescotland.com/signup>.
- Lìonaibh am foirm clàraidh shìmplidh, a' toirt ainm/ainm na buidhne agus fios conaltraidh.
- Thèid iarraidh oirbh an cunntas a dhearbhadh le post-d.
- An dèidh an dearbhaidh, faodar logadh a-staigh agus tòiseachadh air an iarrrtas an seo: <https://my.creativescotland.com/login>

Am foirm iarrrtais air-loidhne

'S e na leanas geàrr-chunntas den fhoirm iarrrtais agus na ceistean a dh'fheumar lìonadh san fhoirm air-loidhne.

Earrann na h-obrach agaibh:

Do dhaoine fa leth:

- Ciamar a bheireadh sibh cunntas air an dreuchd no a' chleachdadh agaibh taobh a-staigh nan gnìomhachasan ealain is cruthachail? (Mu 50 faclan)

Iarrar an uair sin ròghnachadh air ciamar a thathas airson tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad mun chleachdadh no obair agaibh: le bhith a' luchdachadh suas CV (cruth Word no PDF); a' lìonadh bogsa-teacsa taobh a-staigh an fhoirm; no a' toirt ceangal gu làrach-lìn.

Do bhuidhnean:

- Leig ris ma thathasa' faighinn càil sam bith de na sgeamaichean maoineachaidh bitheanta a leanas: Buidhnean Cùraim Roinneil aig Arts Council England; Prògram Maoineachaidh Bhiadhnaile aig Arts Council Northern Ireland; Arts Portfolio Wales aig Arts Council Wales; agus Buidhnean a Mhaoinichear gu Cunbhalach aig Alba Chruthachail.
- Ciamar a bheireadh sibh cunntas air an dreuchd no cleachdadh agaibh taobh a-staigh nan gnìomhachasan ealain is cruthachail? (50 faclan)

Iarrar oirbh an uair sin ròghnachadh air ciamar a thathas airson tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad air obair agus gnàth-eòlas na buidhne agaibh: le bhith a' luchdachadh suas geàrr-chunntas air obair na buidhne (cruth Word no PDF); a' lìonadh bogsa-teacsa taobh a-staigh an fhoirm; no a' toirt ceangal gu làrach-lìn.

Com-pàirtiche(an) nan 4 Nàiseanan agaibh

Thoiribh fios air na prìomh com-pàirtiche(an) agad sna ceithir nàiseanan gus faireachadh a thoirt den obair agus/no cleachdadh aca, agus luchdaichibh suas sgrìobhainn taice airson gach com-pàirtiche a bhios a' sealltainn an gealltanais dhan phròiseact.

Chan eil riatanach ach aon com-pàirtiche às gach nàisean, ach faodar fiosrachadh a lìonadh airson com-pàirtichean a bharrachd mas e seo pàirt den phròiseact agaibh, le bhith a' cliogadh air a' phutan 'cur ris com-pàirtiche' shìos aig a' bhonn uiread de thursan a dh'fheumas sibh.

Airson gach com-pàirtiche:

- Ainm com-pàirtiche na RA
- A bheil iad nan aon-cheannaiche/ceannaiche fa leth no nam buidheann?
- Cò às na ceithir nàiseanan anns a bheil iad stèidhichte?
- Dè an còd-puist aca?
- Luchdaichibh suas sgrìobhainn Word no PDF a bheir foir-shealladh air obair agus/no cleachdadh roimhe a' chom-pàirtiche
- Luchdaichibh suas sgrìobhainn taice a nochdas an gealltanais dhan phròiseact (post-d no litir)

Thoiribh fa-near airson an iarrtais a bhith ion-ròghnach gun fheudar co-dhiù aon com-pàirtiche eile a bhith agaibh à fear eile de na ceithir nàiseanan (diofraichte dhan fhear sa bheileas stèidhichte).

Com-pàirtiche(an) eadar-nàiseanta agaibh

Thoiribh fiosrachadh air na prìomh com-pàirtiche(an) eadar-nàiseanta agaibh gus faireachadh a thoirt den obair agus/no cleachdadh aca, agus luchdaich suas sgrìobhainn taice airson gach com-pàirtiche a tha a' sealltainn an gealltanais dhan phròiseact.

Chan eil riatanach ach aon com-pàirtiche eadar-nàiseanta, ach faodar fiosrachadh a chur airson com-pàirtichean a bharrachd mas e seo pàirt den phròiseact agaibh, le bhith a' cliogadh air a' phutan 'cur ris com-pàirtiche' shìos aig a' bhonn uiread de thursan a dh'fheumar.

Airson gach com-pàirtiche:

- Ainm a' chom-pàirtiche eadar-nàiseanta
- A bheil iad nan aon-cheannaiche/ceannaiche fa leth no nam buidheann?
- Cò an dùthaich sa bheil iad stèidhichte?
- Dè am baile/baile-mòr/roinn?
- Luchdaichibh suas sgrìobhainn Word no PDF a bheir foir-shealladh air obair agus/no cleachdadh roimhe a' chom-pàirtiche
- Luchdaichibh suas sgrìobhainn taice a nochdas an gealltanais dhan phròiseact (post-d no litir)

Thoiribh fa-near airson an iarrtais a bhith ion-ròghnach gun fheudar co-dhiù aon com-pàirtiche eadar-nàiseanta a bhith agad.

Am pròiseact agaibh - mion-fhiosrachadh bunaitheach

- Ceann-latha tòiseachaidh na gnìomhachd (chan ann nas tràithe na 10 Faoilleach 2022 agus chan ann nas anmoiche na 31 Màrt 2022)
- Ceann-latha crìch na gnìomhachd (chan ann nas anmoiche na 31 Màrt 2023)
- Foirm-ealain/raon
Innsibh dhuinn dè foirm-ealain no raon(ean) cruthachail a bheir am minicheadh as fheàrr air a' phròiseact/gnìomhachd seo. Faodar barrachd air aon a thaghadh, mas ann as fheàrr a mhìnichas e amas a' phròiseict agaibh.
- Seòrsaichean-Ealain Eile
Mas iomchaidh, dè na seòrsaichean-ealain no raointean cruthachail eile a tha am pròiseact a' gabhail a-steach?
- Geàrr-chunntas a' phròiseict
Thoiribh dhuinn geàrr-chunntas air na tha an rùn agad a dhèanamh, a' gabhail a-steach cò, càite is cuin. A bheil e pearsanta, didseateach, no tar-chinealach? (mu 250 faclan)

Am pròiseact agaibh - loidhne-ama agus buidseat

- Loidhne-ama a' phròiseict
Luchdaichibh suas sgrìobhainn (ann an cruth Word no PDF) le bòrd a' clàradh prìomh ìrean agus obraichean a' pròiseict bhon latha-tòiseachaidh air adhart. Faodar [an templaid ròghnach seo](#) a chleachdadh mar iùil.
- Suim a dh'iarrar (£)
Innis dhuinn an t-suim iomlan a thathas ag iarraidh bhuainn (ìos-mheud £1,000, bàrr-suime £5,000), gun ghabhail a-steach cosgaisean inntrigidh sam bith a dh'fhaodar a bhith ag iarraidh cuideachd.
- Cosgaisean inntrigidh (£)
A bheileas ag iarraidh cosgaisean inntrigidh cuideachd? Ainmichibh na cosgaisean inntrigidh iomlan a dh'iarrar.

'S e cosgaisean inntrigidh cosgaisean neo-ealanta a tha ag amas air bacaidhean a thoirt air falbh gus an trèid sibh an sàs ann, cuideigin leis a bheileas ag obair no a thathas a' fastadh, no com-pàirtichean no luchd-amhairc a' dol an sàs anns a' phròiseact no gnìomhachd agaibh. Chan eil na cosgaisean seo a' cunntadh a dh'ionnsaigh an iarraidh iomlan agaibh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu chosgaisean inntrigidh anns na ceistean airson na maoin seo.

- Tuairisgeul chosgaisean
Lìonaibh a' bhùird bhuidseit air-loidhne a' cleachdadh nan seòrsachan a leanas (far a bheil iomchaidh) bhon chlàr-taice teàrnach:
 - Cìsean ealanta / cosgaisean cruthachail (a' gabhail a-steach bun-tomhasan gnìomhachais a chaidh iomradh)
 - Siubhal
 - Visathan
 - Àite-fuirich
 - Per diems/cosgaisean
 - Cosgaisean co-obrachaidh Didseataich
 - Fastadh stiùideo/ionaid
 - Àrachais
 - Margaidheachd
 - Eadar-theangachadh
 - Cosgaisean a bharrachd
 - Cosgaisean inntrigidh

Thoiribh sùil air an earrainn 'Cosgaisean nach urrainnear a ghabhail a-steach' air Duilleag 5.

- Maoineachadh eile (ròghnach)

A bheil sibh air daingneachadh maoineachadh a bharrachd sam bith bho com-pàirtichean no tùsan eile? Thoiribh fa-near nach eil seo riatanach.

Am pròiseact agaibh - ùr-ghnàthachas agus feum

Ann an dè dòigh sa bheil a' ghnìomhachd seo a' feuchainn rud ùr agus/no a' dèiligeadh ri feumalachdan no dùbhlannan làithreach? (mu 200 faclan).

Thoiribh sùil an seo air na slatan-tomhais mheasaidh nuair a thathas a' freagairt na ceiste seo airson beachdan feumail air dè ghabhar a-steach.

An com-pàirteachas agaibh

Nuair a thathas a' freagairt nan ceist seo, thoir sùil air na slatan-tomhais mheasaidh airson beachd air dè ris a bhios measadairean an dùil san earann seo.

- Carson a tha sibh agus na com-pàirtichean agaibh ag obair còmhla? (mu 250 faclan)
- Innisibh dhuinn carson a tha am pròiseact seo cudromach do gach com-pàirtiche na lùib. (mu 250 faclan)

Taic a dhìth?

Tha Alba Chruthachail a' stiùireadh pròiseas iarraidh na maoin seo às leth comhairlean ealain nan ceithir nàiseanan. Tha sinn an seo gus taic a thoirt dhuibh tron phròiseas. Mus ullaichear iarrtas, ma tha ceistean coitcheann sam bith agaibh mun phròiseas iarrtais, stiùireadh no foirm iarrtais, a' gabhail a-steach ceistean teicnigeach sam bith mun phròiseas iarrtais air-loidhne againn, nach cuir sibh fios gu buidheann fiosrachaidh Alba Chruthachail gus bruidhinn mu cheistean no bheachdan sam bith.

Faodar seo a dhèanamh tro phost-d, tron làrach-lìn no meadhanan sòisealta againn.

Post-d: enquiries@creativescotland.com

Làrach-lìn: Lìon foirm [air an làrach-lìn againn](#)

Twitter: Cuiribh tweet thugainn [@creativescots](#)

A bheil barrachd taic a dhìth oirbh a thaobh a dhèanamh an iarrtais agaibh?

Tha sinn an geall air pròiseasan iarrtais a thabhainn a tha soilleir is ruigsinneach agus prògraman a tha fosgailte do na h-uile. Tha am fiosrachadh seo ri fhaighinn ann an cruthan eile ma dh'iarrar, a' gabhail a-steach eadar-theangachaidhean.

Ma dh'fheumas sibh taic inntigidh a bharrachd ann a bhith a' dèanamh an iarrtais agaibh no nam bu toigh leibh bruidhinn mu chosgaisean taice inntigidh airson a' phròiseict agaibh a lìbhrigeadh, stiùiridh Alba Chruthachail sibh do chuideigin stèidhichte ann an comhairle ealain ur nàisean a bhios comasach ur chuideachadh tuilleadh.

Faodaidh sinn taic inntigidh a thabhainn do thagraidhean ciorramach, air an cruthachadh a rèir iarrtasan fa leth. Tha taic a' gabhail a-steach Eadar-mhìneachairean Cànan Soidhnidh airson coinneamhan agus taic le sgrìobhadh airson daoine air a bheil dyslexia. Is urrainn do dh'oifigearan comhairle a thoirt do thagraichean ùra agus taic a thoirt dhaibh gus tagraidhean a dhèanamh.

Ma tha sibh B/bodhar agus nur chleachdaiche BSL, faodar cothrom fhaighinn air na seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL. Rachaibh gu: www.contactscotland-bsl.org/deaf-bsl-users airson barrachd fiosrachaidh.

Dion Dàta:

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaidh pearsanta mur deidhinn/mu dheidhinn na buidhne gus beachdachadh air an iarrtas airson maoin eachadh. Às aonais an fhiosrachaidh cha tèid aig Alba Chruthachail air an iarrtas a thoirt air adhart.

Ma thathas airson tuairisgeul fhaicinn air an fhiosrachadh pearsanta a tha a dhìth air Alba Chruthachail, carson a tha e a dhìth, dè nì Alba Chruthachail leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fad 's a chumas Alba Chruthachail e, tha Brath Prìobhaideachd Alba Chruthachail ri fhaighinn air-loidhne aig www.creativescotland.com/privacy-policy.

Dh'fhaodadh gun roinn Alba Chruthachail am fiosrachadh pearsanta agaibh le treas-pàrtaidhean gus gèilleadh dhan lagh agus/no dha com-pàirtean dligheach Alba Chruthachail agus/no na treas-pàrtaidhean a buineas ris.

Far a bheil am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail a' buntainn ri daoine (luchd) fa leth eile, thoiribh iomradh air a' Bhrath Phrìobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an t-Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh pearsanta a th' aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo ann am Poileasaidh Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail no faodar fios a chur dhan [Oifigear Dìon Dàta](#) aig Alba Chruthachail.

Ma tha dragh sam bith oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail an dàta pearsanta agaibh, bu chòir fios a chur dhan Oifigear Dion Dàta aig Alba Chruthachail sa chiad dol a-mach, oir bu toigh le Alba Chruthachail cothrom a bhith aca obrachadh còmhla ribh gus gearan sam bith fhuasgladh. Ma thathas fhathast mì-thoileach, faodar gearan a chur gu [Oifis a' Choimiseanair Fhiosrachaidh](#).

A' togail gearan

Mar bhuidhinn, bidh sinn an-còmhnaidh ag èisteachd 's a' freagairt cùram sam bith a dh'fhaodadh a bhith agaibh. Ma thathas airson gearan a thogail mun dàrna chuid an t-seirbheis a fhuair sibh bho Alba Chruthachail no an dòigh sa bheil sinn air dèiligeadh ris an iarrtas, tha pròiseas againn as urrainn dhuibh cleachdadh. Thoiribh an aire nach eil pròiseas ath-thagraidh aig Alba Chruthachail agus 's ann air an adhbhar seo nach urrainn dhuinn a ghabhail ri gearanan mu dheidhin a-mhàin a' cho-dhùnaidh a tha sinn air dhèanamh seach mar a rinn sinn e. Airson barrachd fiosrachaidh, nach tèid sibh dhan earrann den làrach-lìn againn air a bheil Gearanan:

www.creativescotland.com/resources/our-publications/policies/complaints-handling

Saorsa an Fhiosrachaidh

Tha Alba Chruthachail an geall air a bhith cho fosgailte 's a' ghabhas. Tha sinn a' creidsinn gu bheil còir aig a' phoblach a bhith fiosrach air mar a chosgas sinn maoin a' phobaill agus mar a nì sinn ar co-dhùnaidhean maoineachaidh. Chìthear mion-fhiosrachadh de ar dèiligeadh ri FOI air an làrach-lìn againn an seo:

www.creativescotland.com/foi. Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrtais agaibh agus fiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt gu ball sam bith den phobaill a dh'iarras am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Chan fhaodadh gum fuasglamaid na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo aon no barrachd de na saorsachdan fon Achd. Faicibh an làrach-lìn Saorsa an Fhiosrachaidh aig www.itspublicknowledge.info airson fios mun Achd san fharsaingeachd agus na saorsachdan. Chan fhuasgail sinn fiosrachadh sam bith mu thagraidhean tro àm a' mheasaidh, oir ma dh'fhaoidte gun cuir sin a-steach air a' phròiseas co-dhùnaidh.

Smachd air Taic-airgid

Tha Smachd air Taic-airgid a' gabhail a-steach airgead poblach a tha air a chleachdadh gus taic ionmhasail (taic-airgid) a thoirt gu buidhnean. Dh'fhàg an RA an EU air 31 an Dùbhlachd 2020 agus, mar bhuidheann phoblach, feumaidh Alba Chruthachail a ghèilleadh ris a' Gheàrr-chunntas air Buileachadh Taic-airgid aig Riaghaltas na RA agus fiosrachadh-taice teicnigeach bhon 1 Faoilleach 2021. 'S e an stiùireadh làithreach aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh nan riaghailtean seo gu bheil prionnsapalan riaghlaidh Taic Stàite an EU a bha stèidhichte ron 31 Dùbhlachd 2020 fhathast a' buntainn. A rèir an stiùiridh seo tha na tabhartasan air am buileachadh gam meas co-ionnan ris an fheadhainn a chaidh a dhèanamh fon Fhrèam-obrach Sealach Taic Stàite airson freagairtean dha COVID-19 051/20 a' toirt fa-near gu bheil an sgeama EU air a shìneadh dhan 31 Dùbhlachd 2021 le crìochan ath-sgrùdaichte. Ma tha dragh sam bith oirbh gum bris sibh an stiùireadh seo nach cuir sibh fios air Sgioba Taic Stàite aig Riaghaltas na h-Alba. Cha fhreagar Alba Chruthachail ceistean sam bith air a' chùis seo.

Alba Chruthachail
Geata Waverley
2-4 Rathad Bhatarlù
Dùn Èideann EH1 3EG
RA

An Taigh-solais
Caolshràid Mitchell
Glaschu G1 3NU
RA

www.albachruthachail.com
enquiries@creativescotland.com

An Dàmhair 2021